



Siuthad! Gaph òran!



An Teaghlach

(Air fonn: Làrach do thacaidean)

Seo Calum, m' athair is Mòrag mo mhàthair,
Ceitidh mo phiuthar is Andra mo bhràthair.

I ud ud eatharam, i ud ud amhram,
I ud ud eatharam, mo sheanair is mo sheanmhair.

Tha cù mòr aig m' athair is cat aig mo mhàthair,
Each aig mo phiuthar is nathair aig mo bhràthair

I ud ud eatharam, i ud ud amhram,
I ud ud eatharam, 's toigh leam fhìn mo pheatai-
chean.

Tha m' athair cho laghach, 's mo mhàthair cho
crosta,
Mo bhràthair cho èibhinn 's mo phiuthar cho
gòrach.

I ud ud eatharam, i ud ud amhram,
I ud ud eatharam, siud an teaghlach agamsa.
(x2)

